

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 6 | 2016 | AN T-OG-MHIOS

## Facal Toisich

Leugh mi ann am pàipear gu bheil a-nis sia deug de bhuidhnean Crìosdail ann am baile Steòrnabhaigh. Tha an eaglais as ùire, an fheadhainn a dhealaich ri Ard-eaglais Steòrnabhagh agus a chaidh don Eaglais Shaoir, an dùil togalach a chur suas. Nuair a tha àireamh nan daoine a bhios a' frithealadh seirbheisean na h-Eaglais a' crìonadh ann an iomadh baile eile, tha cuid mhath den t-sluagh ann an Steòrnabhagh a' dol don eaglais air an t-Sàbaid agus tron t-seachdain.

Tha fios gum bi e 'na cheist air daoine, gu h-àraidh an taobh a-muigh den Eaglais, carson a tha de bhuidhnean eadar-dhealaichte ann am bailtean na h-Alba. Bidh na h-eaglaisean Clèireachail coltach ri chèile ann an iomadh dòigh, ach bidh buidhnean eile aig a bheil cleachdaidhean agus modhannan adhradh air leth. Tha cuid de dhaoine ann agus 's e dòigh adhradh shìmplidh as fhearr leotha. Bidh feadhainn eile ann agus 's e seirbheisean Easbaigeach a tha a' tighinn rin càil. Tha e math gu bheil dorsan eaglaisean fhathast air an cumail fosgailte agus mòran a' cur an aghaidh a' chreidimh Chrìosdail. Tha a-nis an darna leth de shluagh na h-Alba, a' cheud turas riamh a thachair sin, ag ràdh nach eil iad a' creidsinn ann an Dia.

Cha bhi e tric a' tachairt gum bi barrachd air aon bhuidheann Chrìosdail a' cleachdadh an aoin taigh-adhradh. Tha sin air a bhith a' dol anns a' bhaile as fhaisge oirne an seo bho chionn grunn bhliadhnan a-nis. Tha fios gu bheil sin a' cuideachadh le cosgaisean far nach eil togalach air a chur gu feum ach beagan uairean a thide gach seachdain. Far a bheil seann togalaichean tha e cosgail a bhith gan càradh agus gan teasachadh.

Chan eil ach pàirt, gun teagamh pàirt chudthromach, de dh'obair na h-Eaglais a' dol air adhart am broinn thaighean adhradh. Bha deisciobail losa a' fianaiseachadh anns a h-uile àite anns an robh iad, anns an dachaigh, air an rathad mhòr, anns an àite obrach, ri taobh na mara. Ach tha feum air togalaichean far am bi daoine a' coinneachadh. Bhiodh e feumail nam biodh na togalaichean sin ann am compàirt eadar barrachd air aon bhuidheann. Cluinnidh sinn mu sheirbheisean Gàidhlig air an cumail ann an tallaichean coimhearsnachd a bharrachd air eaglaisean.

**Gach deagh dhùrachd dhuibh uile,  
Ruairidh MacLeòid.**



Seo eaglais a' Chnuic Bhàin air taobh sear siorrachd Rois. 'S e an t-Urr. Iain MacRath (MacRath Mòr), tha sinn a' creidsinn, ministear cho ainmeil agus bha a' searmonachadh anns an eaglais seo. Chaidh a phòsadh ri coitheanal a' Chnuic Bhàin ann an 1838 an dèidh a bhith ann an Nis ann an Leòdhas o 1833. Ann an 1843 lean MacRath Mòr an Eaglais Shaoir agus bha e 'na cheannard air an Eaglais air a' Ghàidhealtachd. Tha seirbheis anns an eaglais gach Sàbaid aig meadhan-latha. An-diugh tha an Cnoc Bàn agus Cill Iùrnain ceangailte ri chèile. Fhuair sinn an dealbh o Thormod MacLeòid.

## Cùil nan Ceist

'S e seo an t-Og-mhios. Mar sin 's ann air rudan òga a tha ar n-aire anns na ceistean a tha sinn a' cur oirbh an turas seo. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig chùil. Tha fuasgladh gach ceist ann an caibideilean anns a' Bhìoball.

1. Cò an t-òganach a chùim aodach nam fianaisean? (Gnìomharan, caibideil 7.)
2. "Ithidh na ——— òga suas i. (Gnàth-fhacail, caibideil 30.)
3. Cò a thòisich a' rìoghachadh nuair a bha e fhathast òg? (2 Eachdraidh, caibideil 34)
4. Cia meud maighdeann òg a lorgadh am measg luchd-àiteachaidh laibeis-ghilead? (Britheamhan, caibideil 21)

# Dorsan Fosgailte – 4

Tha sinn a’ smaoinichadh anns an t-sreath seo de sgrìobhaidhean air dorsan fosgailte, agus ’s dòcha gu bheil thu ag ràdh riut fhèin – Uill, chan eil mise gu mòran feum, chan eil mise mar Phòl agus chan eil tòrr chomasan agam. G’è air bith dè ar n-aois no ar comasan as urrainn dhuinn doras fhosgladh mar a tha an stòiridh seo ag innse.

Tha e mu ghille a bha air fulang bho làmhan bhurraidhean anns an sgoil, ach dh’atharraich e sgoil agus chuir e roimhe rud gu math sìmplidh a dhèanamh anns an sgoil ùir. Thòisich e a’ fosgladh dhorsan do na sgoilearan eile.

An toiseach chuir seo iongnadh air na sgoilearan eile, ach an ceann seachdain no dhà thòisich daoine a’ gabhail ealla dha.

Thubhairt e fhèin gu robh barrachd ann na bhith a’ fosgladh dhorsan. Tha e mu dhèidhinn eòlas a chur air daoine, a’ leigeil dhaibh a bhith a’ faireachdainn cofhurtail, a’ toirt dhaibh aoiheachd. Tha a bhith a’ fosgladh dhorsan a’ toirt dòchais do dhaoine agus a bhith a’ sealltainn dhaibh gu bheil cuideigin ann a tha a’ gabhail cùraim. Dh’atharraich seo a bheatha gu tur agus saoilidh mi beatha feadhainn eile cuideachd.

Chan eil fios aig duine againn dè as urrainn dhuinn a dhèanamh gus am fiach sinn air.

Nuair a ghairm Dia daoine anns an t-Seann Tiomnadh airson rud a dhèanamh cha tubhairt duine – “Seo mise; deiseil agus deònach.”

Thubhairt Maois: *O mo Thighearna, cha duine deas-chainnteach mise. Tha mi mall ann an cainnt, agus mall ann an teagaidh.*

Thubhairt Ieremiah: *Och, a Thighearna lehòbhah, feuch chan aithne dhòmhsa labhairt oir is leanabh mi.*

Thubhairt Gideon: *Och, a Thighearna, cò leis a shaoras mise Israel? Feuch tha mo theaghlach bochd ann am Manasseh agus is mise as lugha ann an taigh m’athar.*

Ach aig deireadh an latha chleachd Dia gach duine aca nuair a bha iad deònach a dhol tron doras fhosgailte.

Chan eil losa ag ràdh, Thalla, tha thu deiseil ach thalla, agus bidh mise maille riut.

**Oighrig NicFhearghais,  
(A’ Mhanachainn)**

# Ministear Ur anns an Eilean



Tha e ’na adhbhar-misneachaidh a bhith a’ cluinntinn mu sgìrean a tha air a bhith bàn fad bhliadhnan a bhith a’ faighinn ministear, gu sònraichte mu thuath. Anns a’ Ghiblean chaidh an t-Urr. Seònaid Easton-Berry a phòsadh ri coitheanal Bhràcadail agus Dhiùranais anns an Eilean Sgitheanach a tha air a bhith bliadhna gu leth gun teachdaire suidhichte. Buinidh am ministear ùr do dh’Africa a Deas far an robh i a’ gabhail cùraim do bheathaichean fiadhaich, leòmhainn ’nam measg, ann an gàrraidhean ainmhidhean.

Bho thàinig i a dh’fhuireach ann am Breatann bha Seònaid Easton-Berry an sàs ann an obair shoisealta anns a’ choimhearsnachd ann an Lunnainn agus ann an eilean Mhuile. Nuair a bha i ann am Muile thòisich i ’na h-oileanach pàirt-ùine ann an Colaisde na Diadhaireachd ann an Inbhir Pheofharain. Tha e math a bhith a’ faicinn oileanach a rinn cùrsa na diadhaireachd anns a’ cholaisde a-nis a’ lìonadh nam beàrn ann an sgìrean.

Os cionn seirbheis a’ phòsaidh bha Moderàtor Clèir Loch Carann agus an Eilein Sgitheanaich, an t-Urr. Daibhidh Kellas. Tha a-nis ceithir ministearan an clèir Loch Carann agus an Eilein Sgitheanaich, agus tha ceithir sgìrean fhathast bàn. Seo a’ cheud turas a bha boireannach os cionn coitheanail anns an Eilean Sgitheanach. Tha ochdnar bhoireannach a’ saothreachadh ann an coitheanalan ann an Earra Ghàidheal, mar mhinistear-sgìre no ’nam ministearan-cuideachaidh. Bho chionn bliadhna no dhà a-nis tha barrachd dhaoine air tighinn air adhart gu bhith ag ullachadh airson na ministrealachd ann an Eaglais na h-Alba, agus tha sin ’na adhbhar misneachaidh.

# Leabhraichean

Tha e math gu bheil leabhraichean a chaidh a chur an clò agus nach eil furasda a lorg an-diugh gan toirt am follais as-ùr. Tha sin fìor mun leabhar air a bheil sinn a’ beachdachadh air a’ mhìos seo.

Bha fèill air na leabhraichean aig an Urr. Murchadh Caimbeul à Leòdhas ((1900-1974). Ann an 1974, a’ bhliadhna a chaochail e, dh’fhoillsicheadh an leabhar, *Memories of a Wayfaring Man*. Bha e ’na dheagh chuimhneachan air ùghdar a thug tlachd do dh’iomadach leughadair. Ach cha robh e furasda leth-bhreac fhaighinn. A-nis tha deasachadh ùr den leabhar ann an cumadh grinn air tighinn a-mach. Gheibh ginealach ùr cothrom eòlas a chur air na sgrìobhaidhean aig Maighistir Caimbeul.

## Memories of a Wayfaring Man

Murchadh Caimbeul

(air fhoillseachadh le Covenanters Press. £10.95)

Tha an leabhar seo a’ dèiligeadh ri co-chomann pearsanta aig a’ chreidmheach ri Dia. Mar a bhiodh dùil o na leabhraichean eile aig an ùghdar seo tha a bheachdan stèidhichte gu bunaiteach air na Sgrìobtaran. Tha dòigh-sgrìobhaidh aig Murchadh Caimbeul a tha tlachdmhor don luchd-leughaidh.

Thàinig fear eile de na leabhraichean aig Murchadh Caimbeul on chlà a-rithist anns a’ Mhàrt cuideachd – *The Loveliest Story Ever Told*, air a stèidheachadh air a’ ghràdh a bha eadar Isaac agus Rebecah, agus ag innse mun dàimh a tha eadar sinne agus Dia. Tha an leabhar cuideachd air fhoillseachadh le Covenanters Press agus a’ cosg £9.95. Tha sinn taingeil do luchd-foillseachaidh a bhios a’ clò-bhualadh leabhraichean nach faighear nar latha-ne.

# Searmon Beag

*Iadsan a dh'fheitheas air an Tighearna – Isaiah 40:31*

Dè a tha na faclan seo a' ciallachadh, a bhith a' feitheamh air an Tighearna? A bheil an cunnart ann gum bi sinn gan togail ceàrr? Thubhairt an salmadair

*Dh'fheith mi le foighid mhaith ri Dia,  
Chrom thugam, dh'èisd mo ghuth.*

Nuair a chluinneas sinn na faclan, “a' feitheamh,” 's dòcha gum bi sinn a' smaoinichadh air daoine a bhith 'nan suidhe gun a bhith a' dèanamh car. A' feitheamh gus an tachair rud-eigin. Ach chan eil am Bioball a' comhairleachadh dhuinn a bhith leis neo-ghnìomhach. Tha na Sgrìobtaran gar misneachadh a bhith gnìomhach èasgaidh ann an obair an Tighearna.

Dè, ma tha, a tha am facal “feitheamh” a' ciallachadh?

An toiseach, tha *earbsa* agus *muinghinn* air an gabhail a-steach anns an fhacal a bhith a' feitheamh air an Tighearna. Nuair a bha an salmadair a' bruidheann mu bhith a' feitheamh air an Tighearna tha e a' ciallachadh a bhith a' cur earbsa ann an Dia. An fheadhainn a tha a' feitheamh air an Tighearna 's e a tha annta daoine a tha an crochadh air Dia airson gach nì a tha aca.

Tha cuideachd *ùmhlichd* againn anns an fhacal, a' feitheamh. 'S e sin an seòrsa ùmhlichd a chì sinn ann an ùrnaigh Chrìosd ann an gàrradh Ghetsemane, *Chan i mo thoil-sa ach do thoil-sa gu robh dèante*.

Anns a' Bhìoball tha *gràdh* co-cheangailte ris an fhacal “a' feitheamh”. Tha sinn a' leughadh gun do dh'fheith Iàcob seachd bliadhna airson Ràchel a chosnadh. Ach leis cho mòr agus a bha an *gràdh* a bha aige dhi, chaidh na bliadhnachan seachad mar bheagan làithean.

Tha an gealladh, ma tha, aig an fheadhainn aig a bheil earbsa, ùmhlichd agus *gràdh*, gum faigh iad neart ùr o Dhia. *Iadsan a dh'fheitheas air an Tighearna, gheibh iad spionnadh nuadh; èiridh iad suas mar iolair air a sgiathan; ruithidh iad agus cha bhi iad sgìth, sìubhlaidh iad agus chan fhàs iad fann.*

# Rìgh nam Buadh

*Fàilte, fàilte, dh'aon mhac Dhè;  
Thug E buaidh a-mach leis fèin.  
Seas fo bhrataich, sgaoil an sgeul,  
Cuir an crùn air Rìgh nam buadh.*

*Sgrios E tighearnas a' bhàis,  
Shaor E 'n t-ainnis truagh on nàmh;  
Toradh fìor na h-ìobairt ghràidh,  
Cuir an crùn air Rìgh nam buadh.*

*Rinneadh dìmeas air gu mòr,  
Thrèig a chàirdean Efa-dheòidh;  
Cheusadh E ach ghèidh E 'chòir,  
Cuir an crùn air Rìgh nam buadh.*

*Cha dèan aingeal do chur saor,  
Cha dèan beusachd, cha dèan gaol,  
Fhuaradh èiric a bha daor:  
Cuir an crùn air Rìgh nam buadh.*

*Fàilte, fàilte, dh'aon Mhac Dhè,  
Thug E buaidh a-mach E Fèin.  
Seas fo bhrataich, sgaoil an sgeul,  
Cuir an crùn air Rìgh nam buadh.*

Chaidh an laoidh seo fhoillseachadh an toiseach ann an iris Ghàidhlig na h-Eaglais Shaoir Aonaichte, *An Fhianuis Ghàidhealach*, anns a' Ghiblean 1924. Rinneadh an dàn spioradail le Seumas MacThòmais, a bha aig an àm sin 'na mhaighistir-sgoile ann am Pabail ann an Leòdhas. A' bhliadhna roimhe sin bha e air a thaghadh mar a' cheud Bhàrd aig Mòd Nàiseanta a' Chomuinn Ghàidhealaich. Chaidh an laoidh fhoillseachadh anns *An Laoidheadair* ann an 1935, agus 's e *Pabail* am fonn a tha a' dol rithe. Bha Seumas MacThòmais beò o 1888 gu 1971. Bha a mhac, am Proifeasair Ruairidh MacThòmais, air bàrd Gàidhlig cho iomraiteach agus a bha a' sgrìobhadh anns an fhicheadamh linn.

# Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson na mìos seo: “Is beannaichte na daoine tròcaireach”. Tha na faclan sin sgrìobhte

ann an soisgeul Mhata, an còigeamh caibideil, aig an t-seachdamh rann. (Mata 5:7.) Tha na faclan anns an t-Searmon air a' Bheinn. Tha tròcair ann an nàdar Dhè. Tha losa an seo ag innse gur e rud beannaichte a tha ann a bhith tròcaireach. Tha am facal “beannaichte” a' ciallachadh sona no aoibhneach. 'S e an duine sona an duine a tha tròcaireach ri daoine eile. Tha an saoghal a' cur feum air an spiorad sin an-diugh.



Nuair a sgrìobh mi seo cha chuala mi a' chuthag fhathast. Tha i beagan nas fhaide am bliadhna. Ach tha

an t-side glè fhuar. Thig i 'na h-àm fhèin. Tha na h-uain a' fàs pàill a-nis. Tha sin 'na chomharradh air làithean nas blàithe air toiseach. Tha am Bioball ag ràdh gun tig gach nì aig an àm cheart – fuachd agus teas, samhradh agus geamhradh. Tha an Cruthaidhear a' riaghladh ann an ràithean na bliadhna. Tha E ag iarraidh a bhith a' riaghladh nar beatha cuideachd.



Seanfhacal airson na mìos seo: “Air ghlainead an tobair, bidh salachar ann.” (Despite the cleanness

of the well, it will have dirt.) Chan eil duine a tha uile gu lèir glan. Bha fios aig Daibhidh nach robh e gun pheacadh. Bha e ag aideachadh gu robh e tric a' dol ceàrr. Ach bha e a' creidsinn ann am mathanas Dhè. Bha Daibhidh 'na pheacach. Ach bha e a' creidsinn gu bheil Dia comasach air peacaidhean a mhathadh. Tha e ag ràdh gun dèanadh Dia e nas gile na an sneachd.



An-diugh bha mi aig a' charragh-chuimhne aig bàrd ainmeil. 'S esan Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir. 'S e

Donnchadh Bàn nan Oran an t-ainm a tha aig na Gàidheil air. Ged a tha an carragh-chuimhne ann an Earra Ghàidheal, tha uigh a' bhàird ann an Dùn Eideann. Tha faclan glice ann an Gàidhlig sgrìobhte air an lic. Tha Donnchadh Bàn ag iarraidh air daoine a bhith a' cuimhneachadh tric gun tig am bàs. Bha Donnchadh a' frithealadh nan seirbheisean Gàidhlig nuair a bha e a' fuireach ann an Dùn Eideann.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.  
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall 's a-Bhos

### RANN

*Shlàn'gheir as-ùr, dod ainm ro-chùbhraidh gaoil,  
Seinnidh sinn còmhla 'n àm duinn dol fa-sgaoil;  
Nis aig co-dhùnadh, seasaidh sinn le chèil',  
'Feitheamh le ùmhlachd facal sith do bhèil.*

Seo a' cheud cheathramh anns an laoidh fheasgair a sgrìobh an t-Urr. Iain Ellerton, (1826-1893), *Saviour, again to Thy dear name we raise*. Chaidh an dàn eadar-theangachadh gu snasail gu Gàidhlig le Iain Mac Ghille Bhàin, à eilean Eiseil. (B'esan bràthair an sgrìobhaiche, *Fionn*.) Tha an t-eadar-theangachadh anns an leabhar *Laoidhean agus Dàin Spioradail*, leabhar anns a bheil còrr is ceithir cheud dàn, a chruinnich an t-Oll. Urr. Gilleasbaig MacCaluim agus a thàinig a-mach ann an 1894. 'S e Iain Mac Ghille Bhàin a dheasaich leabhar MhicCalaim airson a' chlà-bhuadair.

### BIOBALL GAIDHLIG AIR KINDLE

Tha e math gu bheil innealan mìorbhaileach an latha an-diugh gan cleachdadh ann a bhith a' craobh-sgaoileadh an t-Soisgeil. Chuala sinn bho chionn ghoirid gu bheil am Bioball Gàidhlig a-nis ri fhaighinn air Kindle. Gabhaidh am Bioball a lorg air <http://www.akerbelz.eu/books7g.html> Tha sinn fo fhiachan do Dhòmhnall Sneddon airson an fhiosrachaidh seo.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo agaibh a-nis freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu nithean òga. 1. Saul. 2. —na h-iolairean— 3. Iosiah. 4. Ceithir cheud.

### AM MODERATOR

Tha Moderàtor na bliadhna seo, an t-Oll. Urr. Russell Barr a tha air a bhith 'na mhinistear ann an Cramond faisg air Dùn Eideann o 1993. Air an ath mhìos tha dùil againn fiosrachadh a thoirt air an Ard-sheanadh, gu h-àraidh rudan a tha a' buntainn ris a' Ghàidhealtachd.



### ADHBHAR GAIRE

Bha coitheanal anns na h-eileanan a' cumail fèill-reic. Bha fear anns a' choimhearsnachd a bha math air rudan a reic a chaidh fhàgail aig deireadh an latha. Thog e pasgan den iris *Reader's Digest* agus thubhairt e ri caraaid dha a bha 'na sheasamh air cùl chàich, *Siuthad, Eachainn. Ceannaich iad seo. 'S dòcha gun do leugh mi iad sin mar-tha*, fhreagair a charaid. *Chan eil rian gun do leugh thu iad seo*, am fear-reic; 's ann aig cuideigin eile a bha iad.

### MEALADH NAIDHEACHD

Tha sinn a' cur mealadh-naidheachd air an Urr. Iain M. Mac a' Ghobhainn, a bhios trì fichead bliadhna anns a' mhinistrealachd air a' chòigeamh latha den mhìos seo. Bha e 'na mhinistear ann an Hogha Mòr (1956-1963) agus Loch nam Madadh agus Trùmaisgearraidh (1963-1992). Bho leig e dheth uallach coitheanail tha Mgr. Mac a' Ghobhainn air cuideachadh mòr a dhèanamh le coitheanalan ann an Uibhist.

## Urnaigh

A Dhè bheannaichte,  
a tha a' toirt dhuinn iomadh tìodhlac  
a h-uile latha a tha sinn beò anns an t-saoghal,  
dèan taingeil sinn airson nan rudan beaga  
a dh'fhaodas a bhith cho luachmhor.

Tha sinn gad mholadh  
airson nan rudan a chì sinn  
agus a chluinneas sinn agus a leughas sinn  
a tha 'nan tlachd don t-sùil agus don inntinn.  
Airson nan rudan mòra agus nan rudan beaga  
tha sinn a' moladh d'ainm.

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
Chaochail an neach mu dheireadh  
a rugadh ann an Hiort.  
Cha robh Raghnaid Nic Ghill' Iosa  
ach òg nuair a dh'fhàg i fhèin  
agus a pàrantan an t-eilean.  
Tha daoine nach robh  
riamh ann an Hiort eòlach  
air coltas nan eileanan àrd creagach seo.  
Seo an sealladh a gheibh sibh  
a' coimhead tarsaing air a' bhàgh  
chun an Dùin.